



National
Qualifications
2023

X831/77/11

**Gaelic (Learners)
Reading and Translation**

WEDNESDAY, 24 MAY

9:00 AM – 10:30 AM

Total marks — 50

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet, you must clearly identify the section number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



* X 8 3 1 7 7 1 1 *

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about links between Scotland and Italy.

Alba agus An Eadailt

Tha ceangal dlùth eadar Alba agus an Eadailt. Thathar den bheachd gu bheil mu 70,000 neach le dualchas Eadailteach a' fuireach ann an Alba an-diugh agus tha sinn uile eòlach air ainmean mar Paolo Nutini, Lewis Capaldi agus Nicola Benedetti.

Thàinig Eadailtich a dh'fhuireach ann an Alba an toiseach anns na 1870an. B' e an
5 suidheachadh eaconamach truagh anns an Eadailt a bu choireach gun robh iad airson gluasad
gu dùthaich eile. Aig an àm, bha tòrr a' fuireach ann am bochdainn, le gort agus dìth uisge.
Bha an eaconamaidh stèidhichte air àiteachas ach bha sin a' fulang ri linn leasachaidhean
tionnsgalach. Bha an àireamh-sluaigh a' fàs agus bha e doirbh do dhaoine bochda obair a
10 lorg. Bha daoine airson beatha nas fheàrr fhaighinn, le obair agus tuarastal mhath. Nuair a
thàinig a' chiad chogadh gu crìch, bha coimhearsnachdan mòra Eadailteach cumanta ann an
Glaschu, Inbhir Chluaidh agus Dùn Èideann. Bha daoine airson gluasad gu sgìre far an robh
coimhearsnachd Eadailteach mar thà agus bha poileasaidh in-imriche Ameireaga air a
dhèanamh doirbh dhaibh a dhol a-null an sin.

Bhon uairsin, tha buaidh làidir, chudromach air a bhith aig na h-Eadailtich air beatha, cultar
15 agus eaconamaidh na h-Alba. An toiseach, bhiodh mòran dhiubh a' reic obair-làimhe
cràbhaich – sgil a dh'ionnsaich iad anns an Eadailt. Ach cha robh seo uabhasach soirbheachail
agus chaidh iad an sàs ann an gnìomhachas a' bhìdh. Bha na h-Eadailtich ainmeil airson *pesce*
e patate, no iasg agus sliseagan. Rinn iad seo oir bha iasg agus buntàta saor agus furasta
fhaighinn ann an Alba aig an àm sin. Bhiodh iad ga reic à bara ann an sgìrean bochda nam
20 bailtean mòra an toiseach. An ceann greis, dh'fhàs iad na bu bheartiche agus cheannaich iad
toglaichean ann am meadhan nam bailtean gus taighean-bìdh spaideil fhosgladh. Bha iad
ainmeil airson reòiteagan (no *gelato*) cuideachd. B' e tachartas sònraichte a bha ann aig aon
àm a bhith a' dol gu cafaidh Eadailteach airson reòiteag. Bho na 1970an, dh'fhàs an
gnìomhachas gu mòr nuair a thòisich daoine a' dol a-mach airson dìnnear na bu trice agus
25 bha iad airson rudan ùra eadar-dhealaichte fheuchainn, mar sin, bha fèill mhòr air
taighean-bìdh a bhiodh a' tabhann biadh traidiseanta Eadailteach. A-nis, tha tòrr
thaighean-bìdh den leithid air feadh na h-Alba.

Bha na cafaidhean agus na taighean-bìdh Eadailteach trang. Bhiodh an luchd-obrach ag obair
fad 14 uairean gach latha, seachd latha san t-seachdain. Chuireadh iad airgead air ais dhan
30 Eadailt agus thòisich buill dhe na teaghlachean a bha fhathast a' fuireach ann a' tighinn a
dh'fhuireach còmhla riutha ann an Alba. Rinn seo na coimhearsnachdan Eadailteach glè làidir.
Bha an teaghlach aig teis-meadhan a' ghnìomhachais agus bha e cumanta buill den aon
teaghlach fhaicinn ag obair anns an aon chafaidh. Cha robh e fada gus an do thòisich
comainn shòisealta agus buidhnean Eadailteach airson càirdeas a chumail a' dol eadar an
35 fheadhainn a ghluais.

A dh'aindeoin seo, cha robh cùisean anns na cafaidhean idir furasta dhaibh an toiseach. Bha
sgaradh ann a thaobh cultair oir bha dòigh-beatha eadar-dhealaichte aig an fheadhainn a
thàinig às an Eadailt agus cha do ghabh cuid dhe na h-Albannaich ri seo. Cha robh iad
toilichte gun robh cafaidhean Eadailteach fosgailte air Latha na Sàbaid no gun robh iad
40 fosgailte nas anmoiche na na taighean-seinnse, ged nach biodh iad a' reic deoch-làidir. Air an

làimh eile, bha daoine toilichte gun robh na cafaidhean a' cumail dhaoine air falbh bho na taighean-seinnse. Mu àm an dàrna cogaidh, gu mì-fhortanach, thachair ionnsaighean air cafaidhean oir bha Riaghaltas na h-Eadailt a' cumail taic ris a' Ghearmailt. Ach, bhon àm sin, tha na coimhearsnachdan Eadailteach-Albannach air a bhith mar phàirt chudromach de dhualchas na h-Alba.

45

Ann am Barga, baile ann an sgìre Tuscany, tha 60% den t-sluagh ag ràdh gu bheil càirdean aca ann an Alba agus tha grunn dhaoine ag ràdh gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil *fèin-aithne Albannach agus Eadailteach aca. Chithear buaidh na h-Alba air feadh a' bhaile. Bidh Fèis Iasg agus Sliseagan aca as t-samhradh gach bliadhna agus anns an t-Sultain, thèid Seachdain Albannach a chumail airson an dàimh le Alba a chomharrachadh. Anns an Fhaoilleach gach bliadhna, bidh iad a' cur dìnnear Burns air dòigh, le daoine a' cluich ceòl na pìoba agus ag aithris bàrdachd Burns. Gheibhear bracaist Albannach agus *Irn Bru* ann an taighean-bìdh. Uaireannan, cluinnidh tu blas Ghlaschu air a' chòmhradh Bheurla aca agus bidh muinntir a' bhaile a' leantainn sgiobaidhean ball-coise Albannach.

50

55 Thuirt Emilia Rossi, “Tha muinntir Bharga toilichte gur e seo am baile as Albannaiche anns an Eadailt! Ma thig thu air saor-làithean an seo à Alba, gheibh thu fàilte chridheil. Chì thu bratach na h-Alba a' crochadh agus uaireannan, cuideigin le fèileadh air! Tha sloinnidhean an seo mar Donaldi agus tha sinn cinnteach gun tàinig seo bhon t-sloinneadh Ghàidhlig, MacDhòmhnaill. Sheall rannsachadh le oilthigh anns an Eilbheis gu bheil mu 800 facal Gàidhlig ann am briathrachas ionadail na sgìre.”

60

Bhuineadh teaghlach Marco Romano do Bharga, ged a thogadh e ann an Glaschu. Thuirt e: “Uaireannan, chan eil fhios agam a bheil mi nam Eadailteach no nam Albannach. Tha mi a' faireachdainn a cheart cho cofhurtail aig cèilidh 's a tha mi aig banais Eadailteach.”

65

Gun teagamh, tha sgeulachd inntinneach muinntir na h-Eadailt cho cudromach ann an eachdraidh na h-Alba agus nach math gu bheil an ceangal eadar an dà dhùthaich fhathast làidir.

*fèin-aithne – identity

Questions

MARKS

Re-read lines 1–13.

1. The article mentions the close link between Scotland and Italy. What does the writer say? 2
2. (a) Italian people first emigrated to Scotland in the 1870s. State any **three** reasons for this. 3
(b) Italians continued to move to Scotland after the first world war. What were the reasons for this? 2

Questions (continued)

Re-read lines 14–27.

3. Many Italians became involved in the food industry in Scotland.
- (a) Why did they start selling fish and chips? 1
- (b) The way fish and chips are sold has changed through time. What has happened? 2
- (c) Why did the Italian food industry flourish in Scotland from the 1970s? State **two** things. 2

Re-read lines 28–35.

4. In what ways did people from Italian communities continue to come and meet up in Scotland? State any **two** things. 2

Re-read lines 46–63.

5. The article discusses the town of Barga, known as the most Scottish town in Italy.
- (a) In what ways do the people of Barga feel they have a connection with Scotland? State any **two** things. 2
- (b) Other than the Fish and Chip Festival every summer, what Scottish influences can be seen around Barga? State any **three** things. 3
- (c) What interesting connections does Emilia Rossi make between Italian and Gaelic? 2
- (d) What does Marco Romano say about his national identity? 2
6. Now consider the article as a whole.
What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. 7

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

7. Translate the underlined section into English: (lines 36–45)
A dh'aindeoin seo . . . chudromach de dhualchas na h-Alba.

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE